

# Suirbhidh Beachdan Sòisealta na h-Alba 2021

Beachdan a' Phobail air  
Gàidhlig ann an Alba –  
Geàrr-chunntas



---

Aig **ScotCen Social Research** tha sinn a' creidsinn gu bheil an cothrom aig rannsachadh sòisealta beatha a dhèanamh nas fheàrr. Le bhith a' tuigsinn ceart nan iomadh taobh aig beatha dhaoine agus na tha nam beachd mu na cùisean a bhios a' toirt buaidh orra, tha sinn a' toirt guth cumhachdach, buadhmhor dhan phoball anns na co-dhùnaidhean is seirbheisean as urrainn diofar a dhèanamh dhan a h-uile neach. Agus mar bhuidheann neo-eisimeileach neo-phrothaideach 's urrainn dhuinn ar n-ùine is ar neart uile a chur ann an rannsachadh sòisealta às leth a' chomainn shòisealta.

---

**ScotCen**  
Social Research



OILTHIGH DHÙN ÈIDEANN

**Ùghdaran:** Lucy Dean<sup>1</sup>, Fiona O'Hanlon<sup>2</sup>, Stephen Hinchliffe<sup>1</sup>, Alex Scholes<sup>1</sup>, John Curtice<sup>1</sup>, Rachel Whitford<sup>1</sup>, Victoria Wilson<sup>1</sup>, Cate Standing-Tattersall<sup>1</sup> agus Alys Daniels-Creasey<sup>1</sup>

<sup>1</sup> ScotCen Social Research, Dùn Èideann.

<sup>2</sup> Oilthigh Dhùn Èideann.

**Latha:** 29/06/2022

**Ullaichte dha:** Bòrd na Gàidhlig

ScotCen Social Research  
Scotiabank House  
6 South Charlotte Street  
Dùn Èideann, EH2 4AW  
T 0131 240 0210  
[www.scotcen.org.uk](http://www.scotcen.org.uk)

Companaidh Earranta le Barantas. Clàraichte ann an Sasainn No.4392418.  
Carthannas clàraichte an Sasainn is sa Chuimrigh (1091768) agus Alba (SC038454).

---

---

# 1 Geàrr-chunntas

## 1.1 Sampall

Tha Suirbhìdh Beachdan Sòisealta na h-Alba (*Scottish Social Attitudes Survey - SSA*) air a ruith gach bliadhna le ScotCen Social Research, leis an amas dàta neo-phàirteach a chruinneachadh mu bheachdan poblach air cùisean a bhuineas do dh'Alba. Ann an 2021, chaidh agallamhan a dhèanamh le 1,365 daoine aois 18+ a chaidh a thaghadh air thuaiream. Chaidh factaran cuideamachaidh a chur ris an dàta gus am biodh na toraidhean riochdachail den t-sluagh a thaobh gnè, aois, sgìre agus feartan sòisio-eaconamach eile<sup>1</sup>.

## 1.2 Geàrr-chunntas nan toraidhean

San fharsaingeachd, anns an deich bliadhna mu dheireadh tha àrdachadh air a bhith anns a' chuibhreann de dh'inbhidh ann an Alba aig a bheil beagan eòlais air a' Ghàidhlig agus a tha air soidhnichean poblach Gàidhlig fhaicinn. Tha an cuibhreann de dh'inbhidh a tha ag aithris gun cuala/gum faca iad a' Ghàidhlig rè an leanabachd agus bho chionn ghoirid anns na meadhanan/air-loidhne air a bhith aig an aon ìre bho 2012, agus tha seo fìor cuideachd a thaobh na h-ìre is gu bheil daoine a' faireachdainn cofhurtail le bhith a' cluinntinn a' chànan ga labhairt, beachdan air soidhnichean dà-chànanach agus beachdan air cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do dhualchas na h-Alba agus do dhualchas na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha gluasad air a bhith ann a dh'ionnsaigh beachdan nas fhàbharaiche a thaobh a' chànan ann an grunn raointean, a' gabhail a-steach beachdan air foghlam Gàidhlig, cho cudromach 's a tha Gàidhlig do dhualchas cultarach an neach fhèin, caiteachas poblach air a' Ghàidhlig, agus Gàidhlig san àm ri teachd. Tha geàrr-chunntas orra sin gu h-ìosal a rèir cuspair.


### 1.2.1 Prìomh thoraidhean a rèir cuspair

#### Eòlas air a' Ghàidhlig

Ann an 2012 agus 2021 chaidh faighneachd den luchd-freagairt cho comasach 's a bha iad air Gàidhlig a bhruidhinn agus a thuigsinn. Ged a tha coltas ann nach do dh'atharraich an cuibhreann a tha ag ràdh gu bheil iad fileanta eadar 2012 agus 2021.

---

<sup>1</sup>Chaidh factaran cuideamachaidh a chur ris an dàta mu choinneamh neo-fhreagairt, a' cleachdadh nan caochladairean a leanas: aois is gnè, sgìre ann an Alba, seòrsa dachaigh, teachd a-steach na dachaigh, ìre foghlaim, cinneadh, gabhaltas, clas sòisealta, gnìomhachd eaconamach, taic do phàrtaidh poilitigeach agus ùidh ann am poilitigs. Gheibhear barrachd fiosrachaidh ann an *SSA 2021 Public Attitudes to Gaelic in Scotland – Technical Information*



Tha an cuibhreann a tha ag ràdh gun urrainn dhaibh co-dhiù corra fhacal Gàidhlig a bhruidhinn air **dùblachadh bho 15% gu 30%**.

Mar an ceudna, tha an cuibhreann a tha ag ràdh gun tuig iad co-dhiù beagan Gàidhlig air a dhol suas bho 25% gu 41%.

Chaidh faighneachd den luchd-fhreagairt cuideachd am bu toil leotha a bhith na bu chomasaiche air Gàidhlig a bhruidhinn na tha iad aig an àm seo, agus thuirte faisg air dà thrian (**65%**) gum bu toil leotha na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart.



## A' faicinn no a' cluinntinn na Gàidhlig

Ann an 2021, mar a rinneadh ann an 2012, chaidh faighneachd de luchd-fhreagairt an cuala iad Gàidhlig ga bruidhinn riann nuair a bha iad nam pàistean, aig an taigh no am measg an teaghlaich no sa choimhearsnachd aca san fharsaingeachd. Chaidh faighneachd dhiubh cuideachd dè cho tric, anns an 12 mìos a dh'fhalbh, a chunnaic/a chuala iad Gàidhlig anns na meadhanan no tro aplacaidean/air-loidhne<sup>2</sup> agus dè cho tric 's a tha iad air Gàidhlig fhaicinn air soidhnichean rathaid, sràide no poblach eile.




Tha beagan nas lugha na an còigeamh cuid de dh'inbhich (**19%**) ag ràdh gun cuala iad Gàidhlig ga bruidhinn nuair a bha iad nam pàistean, ìre nach eil air atharrachadh gu mòr bho 2012.

<sup>2</sup>Cha robh iomradh anns a' cheist ann an 2012 air nithean air-loidhne no aplacaidean ach seach sin, bha an aon bhriathrachas ann ri 2021 'Anns na 12 mìosan mu dheireadh, dè cho tric 's a tha thu air Gàidhlig a chluinntinn air telebhisean no rèidio?'



Tha seachdnar às gach deichnear (**70%**) de dh'ìnbhich air Gàidhlig a chluinntinn, a leughadh no fhaicinn anns na meadhanan no tro aplacaidean/air-loidhne thairis air an 12 mìos a dh'fhalbh—mun aon ìre ri 2012.



## Beachdan mu shoidhnichean Gàidhlig agus Gàidhlig ga bruidhinn

Chaidh faighneachd den luchd-freagairt ciamar a tha iad a' faireachdainn nuair a chluinneas iad daoine ann an Alba a' bruidhinn ri chèile sa Ghàidhlig. Tha daoine nas dualtaiche aithris gu bheil iad a' faireachdainn cofhurtail (44%) na mì-chofhurtail (5%) a bhith a' cluinntinn Gàidhlig ga bruidhinn, le glè bheag de dh'atharrachadh ann bho 2012.

Chaidh faighneachd dhiubh cuideachd dè am beachd mu shoidhnichean rathaid, sràide, no soidhnichean poblach eile ann an Alba a bhith an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla. Tha beachdan air seo air a bhith aig cha mhòr an aon ìre bho 2012.



Tha faisg air an dàrna leth (**47%**) de dh'ìnbhich airson soidhnichean dà-chànanach air feadh na h-Alba.



**38%** airson 's gum bi iad ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn a-mhàin.



Agus tha **15%** airson soidhnichean a bhith sa Bheurla a-mhàin.

An taca ri 50%, 36% agus 14% an urra ann an 2012.

Tha an fheadhainn a tha air soidhnichean Gàidhlig fhaicinn barrachd is aon uair san t-seachdain anns an 12 mìos roimhe sin nas dualtaiche a bhith den bheachd gum bu chòir soidhnichean a bhith dà-chànanach air feadh na h-Alba na an fheadhainn nach fhaca iad (54% agus 38% fa leth). Bha an aon phàtran ri fhaicinn ann an 2012 ged nach robh an diofar cho follaiseach (bha 55% den fheadhainn a chunnaic soidhnichean Gàidhlig barrachd air aon turas san t-seachdain den bheachd seo an taca ri 45% nach robh air fhaicinn a-riamh).

## Beachdan air ionnsachadh na Gàidhlig

Ann an 2021 chaidh faighneachd de luchd-freagairt dè an ìre is gun robh iad ag aontachadh no ag eas-aontachadh 'gu bheil a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig a' toirt faireachdainn de choileanadh do chuideigin' agus 'gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' cur ris na cothroman aig cuideigin obair fhaighinn'. Tha a' mhòr-chuid de dh'inbhich (70%) den bheachd gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' toirt faireachdainn de choileanadh do chuideigin. Tha beachdan a thaobh a bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' cur ris na cothroman aig daoine obair fhaighinn nas eadar-mheasgte, le 10% ag aontachadh, 28% ag eas-aontachadh le 45% ag ràdh nach eil iad ag aontachadh no ag eas-aontachadh.

## Gàidhlig agus dualchas cultarach

Chaidh faighneachd den luchd-freagairt dè cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig dhan dualchas chultarach aca fhèin, do dhualchas cultarach na Gàidhealtachd is nan Eilean agus do dhualchas cultarach na h-Alba.

Tha barrachd luchd-freagairt a' faireachdainn a-nis gu bheil a' Ghàidhlig glè chudromach no meadhanach cudromach dhan dualchas chultarach aca fhèin an taca ri 2012.



Tha a' mhòr-chuid den bheachd gu bheil a' Ghàidhlig cudromach dhan Ghàidhealtachd is do na h-Eileanan (**88%**) agus do dh'Alba (**79%**), àireamhan coltach ri toraidhean 2012 (**91%** agus **78%**).

## A' Ghàidhlig ann am foghlam

Chaidh faighneachd den luchd-fhreagairt dè an ìre is gun robh iad ag aontachadh no ag eas-aontachadh gum bu chòir Gàidhlig a theagasg do chloinn uile na h-Alba eadar 5 is 15 mar chuspair sgoile airson uair a thide no dhà san t-seachdain. Tha gluasad air a bhith ann a dh'ionnsaigh seo bho **38%** ag aontachadh ann an 2012 gu **55%** ag aontachadh ann an 2021.



Cuideachd, ann an 2021 bha 70% den bheachd gum bu chòir eachdraidh na Gàidhlig a bhith air a teagasg anns a h-uile sgoil.

Às dèidh Poileasaidh Cànanain 1+2 a bhith air a thoirt a-steach ann an Alba ann an 2012, bidh a h-uile sgoilear ann an Alba ag ionnsachadh dà chànan a bharrachd eadar 5 agus 15 bliadhna a dh'aois. Mar sin dh'fhaighnich sinn de luchd-freagairt an t-suirbhidh dè an cànan, bho liosta de sheachd<sup>3</sup>, a bha iad a' faireachdainn a bu chudromaiche do chloinn ann an Alba ionnsachadh, agus dè an dàrna cànan a bu chudromaiche.



Chuir còrr is trian (**37%**) a' Ghàidhlig anns an dà phrìomh chànan a bu chòir ionnsachadh.

Tha seo a' fàgail gur e Gàidhlig an treas cànan as mòr-chòrdte às dèidh Spàinntis (53%) agus Fraingis (51%).


Dh'fhaighnich sinn den luchd-freagairt an robh iad airson sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba, agus nan robh, am bu chòir dhaibh a bhith air feadh na h-Alba no dìreach ann an àiteachan far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gu farsaing. Tha 37% airson sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig, tha 38% ag ràdh nach eil iad air an son no nan aghaidh, agus 25% nan aghaidh. Den fheadhainn a tha fàbharach tha 75% a' faireachdainn gum bu chòir dhaibh a bhith air feadh na h-Alba.

<sup>3</sup>Ann an liosta nan cànanan bha: Fraingis, Spàinntis, Sinis Mandarin, Ruisis, Gàidhlig, Pòlainnis, Gearmailtis. Bha roghainn ann cuideachd cànan a shònrachadh nach robh air an liosta fo 'Eile.'


## Caiteachas poblach air a' Ghàidhlig

Bidh Riaghaltas na h-Alba a' cosg £29m air a' Ghàidhlig gach bliadhna aig an àm seo (timcheall air £5.20 airson gach neach ann an Alba) gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, mar eisimpleir ann an TBh, foghlam agus foillseachadh. Chaidh faighneachd den luchd-freagairt an robh iad den bheachd gun robh an t-suim seo ro mhòr, ro bheag no mun ìre cheart.

Bho 2012, tha àrdachadh air a bhith anns a' chuibhreann a tha den bheachd nach eil gu leòr ga chosg air a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig (bho 17% ann an 2012 gu 22% ann an 2021).



Tha lùghdachadh air a bhith anns a' chuibhreann a tha a' faireachdainn gu bheil cus ga chosg air seo (sios bho 35% ann an 2012 gu 30% ann an 2021) agus tha timcheall air an dàrna leth de dhaoine (48% ann an 2012 agus 2021) den bheachd gu bheil mun ìre cheart de dh'airgead ga chosg air a' Ghàidhlig.



## A' Ghàidhlig san àm ri teachd

Chaidh faighneachd den luchd-fhreagairt an robh iad a' smaoinichadh gum biodh barrachd, nas lugha no mun aon àireamh de dhaoine a' bruidhinn na Gàidhlig ann an Alba ann an 50 bliadhna an taca ris an latha an-diugh. Chaidh faighneachd dhiubh cuideachd am biodh iad airson 's gum biodh a' Ghàidhlig ga bruidhinn barrachd an ceann 50 bliadhna. Tha 18% de dh'inbhidh den bheachd gum bi barrachd dhaoine a' bruidhinn na Gàidhlig ann an 50 bliadhna (àrdachadh beag bho 14% ann an 2012), tha 55% den bheachd gum bi nas lugha de dhaoine ga bruidhinn agus tha 28% den bheachd gum bi seo aig timcheall air an aon ìre.

Tha 56% airson 's gun èirich àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig san àm ri teachd.



Àrdachadh bho 46% ann an 2012.





---

## 1.2.2 Factaran co-cheangailte ri beachdan fàbharach

Bha trì prìomh fhactaran co-cheangailte ri beachdan fàbharach a thaobh na Gàidhlig – tha daoine òga, daoine le barrachd eòlais air a' Ghàidhlig agus an fheadhainn a tha air barrachd den chànan fhaicinn/cluinntinn uile nas buailtiche beachdan fàbharach a bhith aca.

### Aois

Tha inbhich na b' òige (an fheadhainn aois 18-29) nas taiceile dhan Ghàidhlig ann an grunn diofar dhòighean. Tha iad nas dualtaiche a bhith airson soidhnichean dà-chànanach, a bhith a' creidsinn gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' toirt faireachdainn de choileanadh do dhaoine agus a' cur ri cothroman air obair fhaighinn, a bhith ag iarraidh gum bi barrachd dhaoine a' bruidhinn na Gàidhlig san àm ri teachd, agus a bhith airson barrachd Gàidhlig ionnsachadh iad fhèin. An coimeas ri sin, chan eil an fheadhainn sa bhuidhinn aoise as sine (70+) cho dualtach na beachdan sin a bhith aca. Tha iad cuideachd nas buailtiche a bhith a' faireachdainn gu bheil cus airgead poblach ga chosg air a' Ghàidhlig agus nas lugha de thaic a bhith aca airson a bhith a' teagasg eachdraidh agus dualchas cultarach na Gàidhlig ann an sgoiltean.

### Eòlas air Gàidhlig

Tha ìre nas àirde de dh'eòlas air a' Ghàidhlig<sup>4</sup> a bhith ag duine co-cheangailte ri beachdan nas fàbharaiche a bhith aca a thaobh na Gàidhlig. Mar eisimpleir, tha an fheadhainn aig a bheil barrachd eòlais air a' Ghàidhlig nas dualtaiche aontachadh gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' toirt faireachdainn de choileanadh do chuideigin agus gun cur seo ris na cothroman a th' aig daoine air obair fhaighinn. Tha iad cuideachd nas dualtaiche aontachadh gum bu chòir a' Ghàidhlig, a cultar agus a h-eachdraidh a bhith air an teagasg ann an sgoiltean, a bhith fàbharach do bhun-sgoiltean far a bheil a' phrìomh theagasg sa Ghàidhlig, agus a bhith a' creidsinn gu bheil a' Ghàidhlig air aon den dà chànan as cudromaiche a bu chòir do chloinn ann an Alba ionnsachadh san sgoil. A bharrachd air sin, tha iad nas dualtaiche a bhith a' creidsinn nach eil gu leòr de dh'airgead poblach ga chosg air a' Ghàidhlig agus gum bi barrachd dhaoine a' bruidhinn Gàidhlig san àm ri teachd.

Chan urrainnear obrachadh a-mach, taobh a-staigh sgòp an t-suirbhidh seo, dè an ìre is gu bheil eòlas air a' Ghàidhlig a' cur ri beachdan fàbharach a thaobh na Gàidhlig agus/no an ìre is gu bheil beachdan fàbharach a' cur ri barrachd ionnsachadh agus eòlas air a' chànan. Tha e coltach gum bi seo eadar-dhealaichte a rèir dè an aois a dh'ionnsaicheas daoine a' Ghàidhlig a bharrachd air grunn fhactaran pearsanta eile.

### A' faicinn/cluinntinn na Gàidhlig

Tha eòlas air Gàidhlig rè leanabachd agus anns an 12 mìos mu dheireadh tro na meadhanan (TBh no rèidio) no air-loidhne (tron eadar-lìon no aplacaidean) co-cheangailte ri beachdan nas taiceile dhan Ghàidhlig ann an grunn raointean. Tha an fheadhainn a chunnaic/a chuala a' Ghàidhlig nan leanabachd agus gu cunbhalach anns na meadhanan/air-loidhne sa bhliadhna a dh'fhalbh nas dualtaiche a bhith airson

---

<sup>4</sup>Tha eòlas air Gàidhlig na thomhas co-mheasgaichte den ìre labhairt agus tuigse Gàidhlig a tha luchd-freagairt ag aithris.

---

soidhnichean dà-chànanach agus bun-sgoiltean far a bheil an teagasg uile sa Ghàidhlig, a bhith ag aontachadh gum bu chòir Gàidhlig a theagasg dhan a h-uile pàiste eadar 5 is 15 bliadhna a dh'aois, agus a bhith a' faireachdainn cofhurtail le bhith a' cluinntinn Gàidhlig ga bruidhinn. Tha iad cuideachd nas dualtaiche a bhith ag iarraidh Gàidhlig a bhruidhinn nas fheàrr na tha iad an-dràsta, a bhith a' creidsinn gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' toirt faireachdainn de choileanadh do chuideigin agus gu bheil i a' toirt piseach air na cothroman obrach aca, agus a bhith a' faicinn na Gàidhlig mar nì a tha cudromach dhan dualchas chultarach aca fhèin agus do dhualchas chultarach na h-Alba.

Tha an fheadhainn a tha air soidhnichean Gàidhlig fhaicinn gu tric anns na 12 mìosan a dh'fhalbh nas dualtaiche a bhith a' smaoinichadh gum bu chòir soidhnichean a bhith dà-chànanach air feadh na h-Alba na an fheadhainn nach eil.

Mar a tha fìor a thaobh eòlas air a' Ghàidhlig, chan eil e soilleir dè an ìre is gu bheil barrachd eòlais air a' Ghàidhlig ag adhbharachadh fhaireachdainnean nas fhàbharaiche mun chànan agus/no dè an ìre is gu bheil beachdan fàbharach a thaobh a' chànan ag adhbharachadh a bhith a' faicinn no a' cluinntinn na Gàidhlig barrachd. A-rithist, is dòcha gum biodh seo an crochadh air ciamar agus cuine nam beatha a tha daoine air an cànan a chluinntinn/fhaicinn agus air na suidheachaidhean pearsanta aca.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu mhodhan-obrach agus co-dhùnaidhean an t-suirbhidh san aithisg shlàn anns a bheil co-dhùnaidhean agus molaidhean airson rannsachadh san àm ri teachd cuideachd.